

1969.54 (11)

An Comunn Gaidhealach.



Dealbh-chluich-ciuil Cloinne.

Am Mosgladh Mor

(An dara duais, Mod 1925.)

Le CALUM MAC PHARLAIN.

A' Phris, Se Sgillinn.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
114 Sraid West Campbell, Glascho.

National Library of Scotland



B000523760



DEALBH-CHLUICH-CIUIL CLOINNE.

Leis an do choisneadh.
An dara duais aig Mod 1925.

Le Calum Mac Pharlain.

(Chuireadh a' chomh-fharpais so air bonn air chomhairle agus le
fialaidheachd an uasail, Donnchadh Mac Leoid, Fear Sgeaboist.)

GNIOMHAICHEAN.

Rìghbheanag Ailig, - - - -	Bànrighinn an Eilein Ghairbh
Dicheall Dearbhag - - - -	Banoglach na Bànrighinn
An Treòraiche - - - -	Ceannard nan Troichean
Na Troichean - - - -	{ Frioghan, Fraochan, Frogan Greadan, Graman, Greannan
Dùrachdag na Làmh-sgrìobhainn - - - -	Sean Bhan-léigh
Feall Bhan-léighean - - - -	{ Leisgeag, Labharag, Lòiseamag Sodalag, Socharag, Saobh-sgeulag

Cùrtearan Rìghbheanaig Ailig

UNIVERSITY OF SCOTLAND

EDINBURGH

LIBRARY



UNIVERSITY OF SCOTLAND
EDINBURGH

AM MOSGLADH MOR.

DEALBH-CHLUICH-CIUIL CLOINNE.

AN T-IONAD.

Lèanag na h-ailbhinn 'san Eilean Gharbh.

DICHEALL DEARBHAG—(*Thig i a steach agus gabhaidh i an Tuireadh so*):

GUILEAG NA BANOGLAICH.

Guileam; tuiream; tùrsach a tà mi;
Ochan i; ochan ó; t' ionndrainn a chràidh mi;
Guileam; tuiream Rìghbheanag Ailig;
Gràdh mo chridh; chaidh tu 'm dhith:
Uaigneach tha t' àite.
Guileam; tuiream; tuireadh gun stàth e;
Guileam; tuiream feall-ribeadh bànrighinn;
Guileam; tuiream Rìghbheanag Ailig;
Leug ar sùl; Geug ar dùil:
Uaigneach tha t' àite.

(*An sin labhraidh i na briathran so*):

Is maire cinneadh a tha fo mheachainn mhaithean a dhlobair an dualchas. Oir is diobradh dualchais diobradh uaisle.

B' éibhinn an t-àm 'san robh sluagh an Eilein Ghairbh fo cheannas mhaithean a dh' altruim beusan is beachdan an sinnis. Ach, och mo chreach! Thàinig Sagsa Mòruaill agus a ban-gheasadair Sannta Nòir, agus chuir iad draoidheachd orra a thàlaidh iad bho am bànrighinn dhlighich féin gu ùmhlachd a dheanamh dhith-se.

Ghabh Sannta Nòir fàth air ar bànrighinn, agus chuir i fo gheasaibh i. Rinn Sannta Nòir creag de a luchairt agus uaimh de a talla; agus tha Rìghbheanag Ailig agus a cùirtearan dileas mu'n cuairt dith, air am falach bho ar n-eòlas. Agus chan 'eil air an domhan mhòr ach an t-aon neach d' an aithne a' chreag sin, no d' an urrainn a fosgladh; agus cha ghabh sin dèanamh gus an till na troichean do 'n Eilean Gharbh air Là a' Mhosglaidh Mhòir a tha 'san targradh:

Thig troichean treun do 'n Eilean Gharbh,
Is teichidh 'n coimheach duairc air falbh;
Sin fosglar dorus mór na h-uamh',
Thig ann an t-àgh, theid às an uaill;
'S bidh Rìghbheanag a ris an sealbh
Le cuideachadh bho dhaoine meanbh.

(Ath-ghabhaidh i a tuireadh; agus, am feadh a bhios i ris an dà shreath mu dheireadh bidh i a' dol am mach.)

Cluinnear air astar iorram agus gleadhar ràmh air phutagan, agus iad mar gu'm b' ann a' sìor-theachd am fagus.)

DICHEALL—(Tillidh i gu grad agus their i):

Co iad a tha ris an iorram? Ma 's coimhich iad, b' fheàrr dhòmhsa gun dol 'nan dàil, agus iad a' tighinn gu port. Ach cha mheas mi gur borb iad: a chionn 's gur i ar cànan fèin a tha aca 'ga seinn, ged nach buin am fonn do 'n Eilean so.

(Theid i am mach air an taobh eile.)

NA TROICHEAN—(Gabhaidh iad an t-iorram so air cùl a' bhrait; agus àrdaichidh iad fuaim na seinne mar a thig iad na 's fhaisge, mar gu'm b' ann.)

IORRAM NAN TROICH.

An Luinneag—Hill ù óro hù o,
'S na hì rì o 'n àill leibh;
Hill ù óro hù o.

An Rann—Tha sinne 'n so 'nar taisdealaich
Ag cur ri astar bàta.

'S ar triall a dh' ionnsaigh 'n Eilein Ghairbh
'Gam bheil na creagan àrda.

Bu dachaidh e d' ar sinnsireachd
'S na linntean aoibhinn àrsaidh.

Is chaidh e anns an targradh ud
Gu 'n rachamaid do 'n àite;

'S gu 'm fuasglamaid an t-seirceag às
A geasaibh a bha gabhaidh.

'S gu'n cuireamaid 'na cathair i,
'S a ceannas aic' mar bhà e.

'S a' dol a steach do 'n chaladh dhuinn
Tha fallus air ar màilghean.

AN TREORAICHE (air cùl a' bhrait)—Dean fodha, 'illean. Fòil; fòil! Nis, thugaibh sìtheadh dhith a chuireas gu h-àrd air a' ghainmhean i. Hrrrr-heo! Sin sibh, 'illean! Di-luchdaichibh a nis i, agus théid sinn a suas gu lèanaig na h-aillbhinn.

(Dèanar farum chasan mar gu'm b' ann daoime a' tighinn am fagus, air cùl a' bhrait.)

NA TROICHEAN—(Thig iad a steach air an làimh is freagarr-aiche; triùir dhiubh ag giùlan maidean-crochaidh, coire, slabhraidh agus bùlais; agus an triùir eile ag giùlan cuailleann chàich maille r'an cuailleann fèin.)

AN TREORAICHE—Cuir na maidean 'nan seasamh an so, a Ghramain. Croch thusa an t-slabhraidh riu, a Ghreadain. Agus croch thusa, Ghreannain, an coire air an t-slabhraidh. Agus a nis, 'illean, 's e th' agaibh r'a dhéanamh—

DICHEALL—(*Thig i a steach agus bheir i fainear An Treòraiche agus a ghillean. An sin buailidh i a basan air a chéile agus glaothaidh i*):

Tilleadh nan troich! Tilleadh nan troich! So là a' mhosglaidh mhòir a tha 'san targradh.

AN TREORAICHE (*'e e a' tionndadh ri Dìcheall*)—Is fìor dhuit e, a bhrònag. C' ainm a th' ort-sa?

DICHEALL—Dìcheall Dearbhag.

AN TREORAICHE—Ma 's tu Dìcheall Dearbhag, na fàg am bad so. Bidh feum ort an diugh. Is tu banoglach na té a tha fo gheasaibh, agus feumaidh tu bhi an so a chuideachadh do bhàn-rìghinn an uair a dhùisgeas i às an neul a chaidh a chur oirre ri linn teachd Sagsa Mòruaill—nach cuir dragh tuilleadh air muinntir an Eilein Ghairbh bho so am mach gu Là a' Mhosglaidh Mhóir, Mhóir—a chionn gu 'm bheil na gillean so gu dol an ceartair air feadh an Eilein air thòir seana bhan-leigh a bheir do bhàn-rìghinn às a geasaibh. Agus bi cinnteach gu'n smachdaich mo ghillean-sa gach fear de luchd-leanmhainn Sagsa a bhios ag cleachdadh fòirneirt, air an tachair iad 'nan triall.

DICHEALL—Agus c' àite 'm bheil ar bhàn-rìghinn dhligheach am falach?

AN TREORAICHE—Fo dhìon na h-aillbhinn sin.

DICHEALL—Agus co aig a tha comas air a' chreag fho-sgladh?

AN TREORAICHE—Agamsa. Ach chan 'eil comas agam air a' bhàn-rìghinn a mhosgladh.

DICHEALL—Co aig a tha sin?

AN TREORAICHE—Aig Dùrachdag na làmh sgrìobhainn. 'S ann aice-se tha 'm ballan ìocshlainte agus an rola riomhach a bheir beothachadh fo 'n bhàn-rìghinn agus a cùrtearan air fad.

DICHEALL—Agus c' àite 'm bheil Dùrachdag?

AN TREORAICHE—Aig an t-Sealbh tha fios. Tha i a' tàmh am bothan uaigneach air cùl balla, fo chreig àird is crann-caorainn ag cinntinn às a bun. Tha a teachd 'san dàn, agus, mar sin, chan 'eil eagal nach lorgaichear i.

DICHEALL—Is deimhinn gu'n lorgar i. (*Theid i am mach.*)

(*Am feadh a bhios an còmhradh shuas a' dol air aghaidh, bidh na troichean a' seasamh 'nan sreath mar shaighdearan.*)

AN TREORAICHE (*'s e a' tionndadh ris na gillean*)—'Ilean, is e mo thoil-sa gu'n rachadh sibhse air feadh an eilein so, a' tòiseachadh aig Rubha Ceum-an-lorgaire, gach fear agaibh air a shlighe fèin, a lorgachadh bothain uaignich, air cùl balla, fo chreig àird, is crann-caorainn a' cinntinn às a bun. Ma gheibh sibh a leithid sin de bhothan agus boireannach d' an ainm Dùrachdag a' tàmh ann, aig am bi ballan ìocshlainte

agus rola riomhach làmh-sgrìobhainn, thugaibh an so i gun dàil, biodh i sean no òg, 'na caile no 'na caillich.

Bibh furachail, bibh faireachail; bibh dian, dàn, dùrachdach; agus buaidh leibh. Rachaibh 'nar dìthisean. Ceum ann!

(*Tòisichidh na Troichean air siubhal; ach mu'n dèan iad an ceathramh ceum gairmidh An Treòraiche.*)

AN TREORAICHE—Stad ann!

(*Stadaidh na Troichean; agus leanaidh iad air iomairt an casan gun dol às a' bhad.*)

AN TREORAICHE—Mu'n imich sibh, bu mhath leam a chluinntinn am bheil bhur gnothach agaibh gu glan air mheamhair. A Fhrogain, cuir am briathran brìgh do theachdaireachd.

(*Tachaisidh Frogan a cheann car tacain, agus an sin gabhaidh e am port so*):

PORT AN LORGAIRE.

An Rann—Bothan, bothan; balla, balla;
Creagag, creagag; crannan, crannan;
Rola, rola; ballan, ballan;
Cailleach, caile, sean no òg i.

(*An Luinneag, le fear de na troichean, air an fhonn cheudna.*)

Imbo, imbo; ambo, ambo;
Crimbo, crimbo, crambo, crambo;
Fraochan, Friodhan, Frogan ceann-dubh;
Greadan, Greannan, Graman òg o.

AN TREORAICHE—Air falbh sibh: chan eagal duibh.
Ceum ann!

NA TROICHEAN—(*Siùbhlaidh iad am mach ag gabhail a' phuirt, agus fannaichidh iad an t-seinn agus farum an casan uidh air n-uidh gus an sìolaidh iad às.*)

AN TREORAICHE (*'s e a' spàidsearachd air ais 's air aghaidh*)—
Gu dearbh is uaigheach an t-àite so! B' fhèairrde neach
comunn an ionad cho sìth-shaimheach, a chumail cianalais air
falbh. Ar leam gu'm bheil buaidh an t-saoghail neo-fhaicsinnich
orm. Naile! Tha aigne na bàrdachd 's na faigheadaireachd
ag éirigh annam; 's mur a gabh mi dàn spreadhaidh mi.

(*Seasaidh e tacain ag amharc bhuaidhe agus an sin their e*):
Gu dearbh, tha rudeigin beò 'san làthair ged nach léir dhomh e.

(*An sin tionndaidh e ris an luchd-éisdeachd agus gabhaidh e an t-òran so*):

LINN AN EOLAIS.

An Rann—Deanaibh fàilte 's mùirn roimh 'n aimsir ùir,
Is lùbaibh glùn gu làr;
Tha Linn an Eòlais gu bhì dlùth
'S tha dùil nan dùilean àrd.

Feuchaibh cruth an Eòlais nochdadh thall
 Gu fann-gheal às a' ghruaim,
 Mar nochdas long gu sèimh 's gu mall
 A dall-cheò air a' chuan.

An Luinneag—'S O, gu'n dùisgeadh an sluagh às an suain-
 chadal buan
 A dh' fhàilteach a' bhudhair mhóir,
 A bheir saorsa gu cinnteach bho dhaorsa na
 h-inntinn
 Dh' fhàg saobh-bheachdan linntean oirnn.

(Is iad na cùirtearan, no feadhainn air bith, air cùl a' bhrait a thogas a' cheud luinneag. Bheir sin clisgeadh is òghnadh air An Treòraiche, agus cuiridh e cluas air. Seinnidh An Treòraiche agus càch còmhla na luinneagan eile.)

AN TREORAICHE—*(Ath thòisichidh e an t-seinn mar so):*

Do luchd na h-inntinn mhaoil cha léir
 A sgàil ag éirigh àrd;
 Ach chithear i gu mean 's gu léir
 Le sùilean geur a' bhàird.
 Tha claidheamh faobharach 'na làimh
 Gach aimhreit a chur réidh;
 Dion-bhrollaich dealrach, cruaidh m'a chliabh
 G'a dhìon o luchd nam breug.
 Cha'n fheum e òr no leug 'na chrùn
 'S a shùil mar dhril bho reul;
 Tha ghiulan mòrail, àrd, gun uaill,
 'S tha fuaim a ghuth neo-bheurr.
 Gach saobh-bheachd théid fa sgaoil mar cheò
 Roimh òirdhearcais a ghnùis;
 'S bidh sonas, slàinte, sìth is saors'
 Air sgeul an saoghal ùr.

(Cluinnear seinn air astar. 'S e so na Troichean a' tilleadh. Ardaichidh iad an guth mar a thig iad na 's faisge air a' bhrat.)

NA TROICHEAN—*(Thig còignear diubh a steach, agus gach fear dhiubh le cailin air a ghàirdean 's iad ag coiseachd mar gu'm biodh iad sgèth is airtneulach, agus ag gabhail a' phuirt so):*

PORT-SIUBHAIL NAN SGITH.

An Luinneag—Och oro hù o, gur mi tha sgìth
 Siubhal na frith gun fhios ce 'n t-aobhar;
 Och oro hù o, gur mi tha sgìth.

An Rann—Hé coisich; hó coisich, 's fhiach e 'n t-saothair;
 Hé fuiling, hó fuiling, 's gheibh sibh faochadh.
 Hé bithibh; hó bithibh sunndach, aotrom;
 Hé thàinig; hó thàinig là na saorsa.

Hé gur e ; hó gur e 'n siubhal slaodach,
Hé bh'agaibh ; hó bh'agaibh feadh nam fraoch-
bheann.

Hé cuiribh ; hó cuiribh uaibh ur baothchaint
Hé togaibh ; hó togaibh ceòlan aotrom.

(*Aig crìch na seinne bithidh an luchd-turuis 'nan aon sreath mu choinnibh An Treòraiche air meadhon an àrdain.*)

AN TREORAICHE—Air m' fhaluinn, 'illean, cha robh sibh diomhain. Nach do thachair oirbh Graman agus Dìcheall?

FROGAN—Cha do thachair.

(*Thig Dìcheal agus Graman a steach nuair a bhios Frogan a' bruidhinn. Bidh seana-chailleach air làimh Dìchill, agus cailin air làimh Ghramain.*)

FROGAN—Sin iad chugainn air do làimh chli, A Threòraiche.

AN TREORAICHE (*air amharc gu geur air an t-seana chaillich, agus ùmhlachd a dheanamh rithe*)—Do bheatha gu lèanaig na h-aibhinn, a bheanag chòir.

(*Theid ise agus a' chailin, agus seasaidh iad aig ceann an t-sreatha. Theid Graman g'a àite fèin 'san t-sreath.*)

AN TREORAICHE (*a' tòiseachadh air ceasnachadh*)—Seasadh na boireannaich ceum air thoiseach air na fireannaich. C' ainm a th' oirbh?

NA BOIREANNAICH (*le aon ghuth*)—Dùrachdag na làmh-sgrìobh-ainn.

AN TREORAICHE—“ B' aithne dhomh e ! Ach 's e ” Beag-dhùrachd na làimhe diomhain ” is feàrr a thigeadh do chuid agaibh. Snìbh am mach bhur ballain iocshlainte aon an déidh aoìn mar a theid òrduchadh. Sròinich am fear sin, a Dhìcheall, agus innis duinn cìod e a th' ann.

DICHEALL—An Leisg, gun amharus, A Threòraiche.

AN TREORAICHE—Sròinich air fad iad. Cìod e a th' aig an ath-thé?

DICHEALL—Goileam gun seadh, 's e cobharach, omhanach.

AN TREORAICHE—Seadh. Gabh air t' aghaidh. An ath-thé?

DICHEALL—Lòiseam buidhe.

AN TREORAICHE—An ath-thé?

DICHEALL—Mìodal, mìolag, sodal, gabhann, 's iad 'nan glaogh rìghinn, ronnach, mìlis, mealach.

AN TREORAICHE—“ Mealltach,” a Dhìcheall ; “ mealltach,” nach e is còir dhuit a ràdh?

DICHEALL—Thubhairt sibh e. Ach is cùmhraidh, cùmhraidh e, a Threòraiche ; agus O, b' iad muinntir an Eilein Ghairbh a bha toigheach air. Rinn e an gnothach orra air a' cheann mu dheireadh.

AN TREORAICHE—Cìod e th' aig an ath-thé?

DICHEALL—Sochair suaimhneach is luaineachd luideach.

AN TREORAICHE—Agus cìod e a th' aig an té a thug Graman a steach?

DICHEALL—Smior eanchainn air a thòiceadh le saobh-bheachdan na h-ùirsgeulachd agus saobh-chràbhadh na seann-sgeulachd.

AN TREORAICHE—Tha meas aig mòran air an ìocshlainte sin; ach chan fhoghainn e 'sa chàs so. Ciod e a th' aig an ath-thé?

DICHEALL—Dùrachd dhian, dhearg, dhaingeann.

AN TREORAICHE—Ha! Dh' aithnich mi có bh' againn, a' cheud shùil a thug mi oirre. Sin an ìocshlaint a chuireas fa sgaoil suain-chadal Rìghbheanaig. Am bheil a rola aice?

DICHEALL—Tha, gu dearbh. An àill leibh e?

AN TREORAICHE—Is àill.

(*Bheir Dicheall an rola dha. Sròinichidh e an rola, agus their e*): Seadh; dìreach: fìor bholadh nan leabhar-lann. Seasaidh gu taobh, a Dicheall, agus a Dhùrachdag, gus am buin mi ris an fheadhainn so.

(*Bheir e an rola air ais do Dhùrachdaig.*)

Nis, a Leisgeag, a Labharag, a Lòiseamag, a Shodalag, a Shocharag 's a Shaobh-sgeulag, théid sibh aon an déidh aoin, agus tilgidh sibh ur ballain-ìocshlainte agus ur rolan anns an Dìorran-dòg—an coire a ch' sibh an sud. Theid mo ghillean g'ur coimheadachd; agus an sin tillidh sibh gus a' bhàd 'sam bheil sibh. (*Ris na gillean.*) Rachaidh 'nur dithisean. Ceum ann!

(*Siùbhlaidh iad 'nan càraidean mu thimcheall a' choire, na cailinean air an taobh a stigh, agus cuiridh iad na ballain ìocshlainte agus na rolan anns a' choire, agus tillidh iad gu rianail agus an ionad 'san robh iad.*)

AN TREORAICHE—Innsibh so dhomh. Có a thug dhuibh na ballain ud agus na rolan, agus a thug oirbh an t-ainm Dùrachdag?

NA CAILINEAN (*le aon ghuth*)—Sannta Nòir.

AN TREORAICHE—Mheas mi gur a h-ì bha ribh. Agus a Leisgeag, ciamar a tha thu 'gad mhothachadh féin bho na thilg thu bhuait tiodhlacan Sannta.

LEISGEAG—Gur math bhuaim iad. Leagadh mo sgìos is thogadh mo shunnd.

CACH—Agus tha mise air an dòigh cheudna.

AN TREORAICHE—Seadh, dìreach; is math leam sin. Nis, tha mise dol a thoirt ainmean ùra oirbh; agus tha mi 'n dòchas gun toill sibh iad agus gu'm meal sibh iad. 'S iad Easgag, Umhlag, Innsgineag, Fìrinneag, Faicilleag agus Fìor-sgeulag a bhios oirbh o'n là so am mach. Agus a Dhùrachdag, thoir fàil-eadh dhaibh de do bhallan-ìocshlainte, a dhaingneachadh an dùrachd a tha air ùr-bhreith, agus, a theagamh, car maoth. (*Nì Dùrachdag sin.*) A nis, a chuideachd, seasamaid mu'n choire agus cuireamaid teine ris an drabhas ud.

(*Theid a' chuideachd gu rianail far am bi an coire, agus seasaidh iad mu thuiream slaite bho 'n choire air an taobh thall. Togaidh An Treoraiche pasgan beag agus taomaidh e a' chung-*

aidh a th' ann anns a' choire.* An sin cuiridh e lasair rithe. Bheir sin air lasraichean dearga teachd a nìos às a' choire. Ma ghabhas e dèanamh, bu chòir ionad a' chluiche a dhorchnachadh aig an am so, agus fuaim a thoirt air bang mar aithris air torann. Nuair a ghabhas an teine, siùbhlaidh na troichean mu thimcheall a' choire, agus An Treòraiche air an ceann, agus gabhaidh iad am port so):

PORT A' CHOIRE.

Hill óro, hill ù o, an Diorran-dòg, an Diorran-dòg ;

(Aithris dà uair).

'S gu'n téid an drabhas ud 'na smàl

Air màs a' choire shùitheil.

'Sa choire mhór, 'sa choire bhreun,

'Sa choire mhór, shomalta ;

'Sa choire mhór, 'sa choire bhreun

A bh' aig an Fhéinn mar thùisear.

'Sa choire mhór, 'sa choire bhreun,

'Sa choire mhór, shomalta ;

'S gu'n téid an drabhas ud 'na smàl

Air màs a' choire shùitheil.

(An sin beiridh gach troich air cailin anns an dol seachad agus siùbhlaidh iad 'nan càraidean mu thimcheall a' choire, mar a rinn iad roimhe, agus iad ag ath-sheinn a' phuirt.

Theid an sin a' chuideachd gu meadhon an àrdain agus roinnidh siad iad fèin 'nan dà bhuidhinn, a' fàgail An Treòraiche, Dìcheall Dearbhag agus Dùrachdag dìreach mu choinnibh sgaradh a' bhrait.

Theid AN TREORAICHE air a ghlùinean; ni e comharradh le a chorraig air an làr, agus aithrisidh e na faicail-dhraoidheach so):

Abra, ca dabra, ca dùbra, ca dreòba ;

Iosabog, ùsabog, illeagob, eòla ;

Làbarra, liobarra, lùbarra, leòra ;

Duman, dioman, daman, fosgail.

(Fosglar am brat 'na dha leth, o'n taobh-chùil, agus nochdar Rìghbheanag Ailig 'na suidhe air cathair-mhóir rìomhaich, stòl-coise fo a casan, agus i air a deagh dhreachadh. Bidh a h-aod-ann air a bhànachadh le fùdar geal. Bidh a làmhan paisgte air a h-uchd; a ceann air cromadh sìos agus a sùilean dùinte mar gu'm bitheadh i 'na cadal. Fa comhair bidh bòrdan air am bi crùn is slat ròghail. Mu'n cuairt dith air an taobh cùil bidh a cùrtearan 'nan suidhe air cathraichean. Bidh an cinn air an leigeil air an uchd agus an làmhan 's an casan air an cur

*FORMULA.—3 parts of ground sugar, 2 of chloride of potash, and $\frac{1}{2}$ of calcide of strontian.

tarsuinn air a chéile. An tràth-s 's a rithis iomlaididh na cùirtearan an làmhan 's an casan; agus gach uair a ni iad sin bheir iad osann thiamhaidh asda còmhla.

Seasaidh a' chuideachd fa chomhair an t-seallaidh so le fiamh an uamhais air an gnùisean, fad mionaid de thìm.)

AN TREORAICHE—Nis, a Dhùrachdag agus a Dhìcheall, is aithne dhuibh an gnothach a tha romhaibh. Rachaibh agus freasdailibh do 'n bhànrighinn.

(Theid an sin an dithis far am bi Rìghbheanag. Cuiridh DURACHDAG an òcshlainte ri bilean na bànrighinn, bheir i gnog-ag leis an rola air clàr a h-aodainn agus their i): Dhìot na geasan, 's éirich gu rath.

RÌGBHEANAG—(Mosglaidh a' bhànrighinn le bhì fosgladh a sùilean agus le bhì togail a cinn. Seallaidh i roimhpe car tacain agus their i gu fann)—Dìcheall chugam.

(An sin theid Dìcheall eadar am bòrdan agus a' bhànrighinn agus glanaidh i am fùdar bàn a bhàrr aghaidh Rìghbheanaig, tionndaidh i agus togaidh i an crùn agus cuiridh i air ceann na bànrighinn e, agus an t-slat rìoghail 'na laimh dheis. Bheir i cuideachadh dhith gu seasamh air a casan. Uidh air n-uidh thig coltas ònghnaidh is gàirdeachais an sùil 's an gnùis na bànrighinn agus thig coltas mòralachd 'na giùlan. Air dhoibh so fhaicinn, seasaidh Dìcheall agus Dùrachdag air leth.

Am feadh a bhios so a' dol air aghaidh mosglaidh na cùirtearan. Bheir iad srann-fhuaim asda a bhios tiamhaidh, seasaidh iad, ni iad altachadh agus suathaidh iad an sùilean. Seallaidh iad romhpa le ònghnadh agus, mu dheireadh, bheir iad fainear a' bhànrighinn. An sin thig iad air an aghaidh air dà thaobh Rìghbheanaig agus seasaidh iad 'nan dà shreath.)

RÌGBHEANAG ('s i a' tionndadh ris na cùirtearan)—A chùirtearan dileas, gràdhach, tha là ar saorsa air teachd. Tha ar càirdean is dilse 'san làthair. Fàilteamaid iad gu dùrachdach. (Ni iad cromadh-cuim.)

(An sin, fo threòrachadh AN TREORAICHE gabhaidh a' chuideachd iomlan, ach a mhàin a' bhànrighinn, an t-òran so):

FAILTE RÌGBHEANAIG.

An Rann—Fàilte ! Fàilte 's furan blàth dhuit ;
Cian fada bha thu gun deò anns an uaimh ;
Fàilte ! Gu beatha mhùirnich, mheaghraich ;
Bànrighinn ar gaoil, an Rìghbheanag shuairc.

An Luinneag—Hillean, illean hù o rò ; hillean, illean ù ho ró ;
Hillean i 's a hùithill ò ; tha Rìghbheanag beò ;
Hillean, illean hù o rò ; hillean, illean ù ho ró ;
Hillean i 's a hùithill ò ; 's a hi ó ro, fheara,
seinnibh .



Fàilte ! Fàilte, furan 's ceòl duit ;
 Dh' éirich ar dòchas mar dhùisg thu á d'
 shuain ;
 Fàilte ! bho chridheachan bhios càirdeil,
 Dileas gu bràth do'n Rìghbheanaig shuairc.
 Hillean, etc.

Fàilte ! Fàilte 's furan blàth dhuit ;
 Cian fada bha tha gun deò anns an uaimh ;
 Fàilte ! Gu beatha mhùirnich, mheaghraich ;
 Bànrìghinn ar gaoil, an Rìghbheanaig shuairc.

RÌGHBHEANAG (*air dhith ùmhlachd a dhèanamh ris a' chuid-eachd*)—A chùirtearan ionmhuinn, agus a luchd-leanmhuinn mo ghràidh, is latha mòr an latha so. Chaidh ar geasan a chur air sgaoil, agus tha sinn a nis aig tùs linne ùire; agus is dleas ormsa agus oirbhse an aimsir a tha romhainn a chaitheadh a chum leas an t-sluaigh bho chd a tha 'g àiteachadh an Eilein Ghairbh.

Cha d' rinneadh an t-euchd a choisinn ar saorsa gun innleachd, no gun chalmachd, no gun dùrachd. Air an aobhar sin tha sinne fo chomain mòr do 'n Treòraiche fhoghainteach 's a laochraidh threun, a sheas an aghaidh feall agus foill-labhairt air dhòigh a tha airidh air a cumail air chuimhne 's a sgrìobhadh an rosg 's an réim air clàir-chloiche, umha is chruadhaich. Gu ma fada buan An Treòraiche 's a chuid ghaisgeach.

(*Cromaidh NA TROICHEAN an cinn, agus òslichidh iad an cuaille-an gu làr.*)

AN TREORAICHE—A Bhànrìghinn ar gràidh. Dhuinne cha bhui an t-urram ach beag. Cha robh annainn ach buill-acfhuinne nan cumbachdan mòra a chuir roimh ré 'san dàn an gnìomhachas a rinn sinne. Tha ar gnothach réidh 's tha romhainn triall.

NA TROICHEAN—(*Tòisichidh iadsan air an t-òran a leanas a ghabhail; agus am feadh a bhios iad a' seinn na ceud luinneig togaidh iad an cinn agus an cuaille-an gu mall. Am feadh a bhios iad a' seinn na dara luinneig tionndaidh iad gu falbh. An sin siùbhlaidh iad am mach le ceumannan stòlda.*)

SORAIDH NAN TROICH.

An Luinneag—O, slàn beò, hug ù ó
 Do mhuinntir an Eilein Ghairbh ;
 O, slàn beò, hug ù o.

An Rann—Tha ghrian a' snàmh air uchd na fairg',
 'S tha 'n àirde 'n iar 'na lasair dheirg.

Tha 'n dùbhra tùrling air an leirg,
 Tha 'r gnothach dèanta : 's mithich falbh.

Tha daoine beò bha tamull marbh,
Is chualas glòir bha fada balbh.

Chaidh luchd na h-uail a chur á sealbh
'S tha 'n ceannas dualach daingeann, dearbh.

Thug ceart a' bhuaidh air neart is ceilg
Tre chuaillean 's innleachd dhaoine meanbh.

(*An sin gabhaidh a' chuideachd an dà luinneig agus an rann so*):

An Luinneag—O, slàn beò hug ù ó,
Do 'n treun-laoch 's a ghillean calm',
O, slàn beò hug ù ó.

An Rann—Oir, 's iad a dh' fhògair ainneart searbh
'S a chuir ar Rìghbheanag an sealbh.

O, slàn beò, etc.

Leigear sios am brat.

A' CHRIOCH.

CEOL NAN ORAN 'S NAM PORT.

GUILEAG NA BANOGLAICH.

GLEUS E maol no E.

{	s : m :		m : d :		r : - . m : f		m : - : r }
	Guileam;		tuiream;		tùrsach a		tà mi;

{	s . s : s	: -		d' . d' : d' :	-		l : - . t : d'	t : - : l }
	Ochan l;		ochan ó;		t'ionndrainn a		chràidh mi;	

{	s : m :		d : d' :	-		t : d' : r'	d' : - : t }
	Guileam;		tuiream		Rìghbheanag		Ail - ig;

{	l . l : l	: -		m . m : m	: -		l ₁ : t ₁ : d	t ₁ : - : l ₁
	Gràdh mo chrìdh,		chaidh tu m' dhlth:		Uaigneach tha		t' àit - e.	

{	s : m :		d' : m :		s : l : ta	l : - : s }	
	Guileam;		tuiream;		tuireadh gun stàth		e;

{	s : m :		d' : m :		r : m : f		m : - : r }
	Guileam;		tuiream		feall - ribeadh		bàn-rìghinn;

{	s : m :		d : d' :	-		t : d' : r'	d' : - : t }
	Guileam;		tuiream		Rìghbheanag		Ail - ig;

{	l . l : l	: -		m . m : m	: -		l ₁ : - . t ₁ : d	t ₁ : - : l ₁
	Leug ar sùl;		Geug ar dùil:		Uaigneach tha		t' àit - e.	

IORRAM NAN TROICH.

GLEUS D. AN LUINNEAG.

Fine.

{	, m r : l , s d : r , m s : r' , d' l : s , m r : l , s d : r .	
	Hill ù óro hù o , 'Sna hì rì o 'n aill leibh; Hill ù óro hù o.	

AN RANN.

D.C.

{	, m s . s : l , s , m r . d : d , m s . s : r' . d' l : s .	
	Tha sinne 'n so 'nar taisdealaich Ag cur ri astar bàt - a.	

PORT AN LORGAIRE.

GLEUS D.

{	r . r : r . r d . d : d . d r . r : r . r s . s : s . s }	
	Bothan, bothan; balla, balla; Creagag, creagag; crannan, crannan; }	

{	r' . r' : r' . r' l . l : l . l s . s : r' . r' l , s . m : r , m	
	Rola, rola; ballan, ballan; Cailleach, caile, sean no òg i.	

LINN AN EÒLAIS.

GLEUS C.—RANN.

{ :m., r | d̄ :- d̄ | d̄ : m | s : s | s :- s | l̄ : d̄ | r' :- r' | m' : - | - }
 { Deanaibh | àilte 's mùirn roimh 'n | aimsir ùir, Is | lùbaibh glùn gu làr; }

{ :s. f | m : r m | d̄ : d̄ | f : f | f :- l̄ | l̄ : s. l̄ | t̄ :- t̄ | d̄' : - | - }
 { Tha | Linn an Eòlais | gu bhì dlùth 'S tha | dùil nan dùilean | àrd. }

{ :d̄'. t̄ | l̄ : l̄ | s : s | f : f | f : d. m | r : s | s : l̄ | s : - | - }
 { Feuchaibh | cruth an Eòlais | nochdadh thall Gu | fann-gheal as a' | ghruaim, }

{ :d̄'. t̄ | l̄ : l̄ | s :- f | m : m | m : r. m | r : s | t̄ : l̄ | s :- | s. l̄ |
 { Mar | nochdas long gu | sèimh 's gu mall A | dall-cheò air a' | chuan. }

LUINNEAG.

{ :s. f | m : r. m | d̄ : d. d̄ | f : m. f | r :- r | s : s. s | l̄ :- l̄ | t̄ : - | - }
 { 'S o, gu'n | duisgeadh an sleagh as an | suain-chadal buan A | dh'fhailteach a' bhuaidhair | mhòir, }

{ :d̄'. r' | m' : d̄', d̄' | d̄' : d̄', d̄' | r' : l̄, l̄ | l̄ : l̄. l̄ | s : d̄'. m' | r' : r' | d̄' : - | - }
 { A bheir | saorsa gu cianteach bho dh'aorsa na h-inntinn | Dh'fhag | saobh-bleachdan linninn | oirnn. }

PORT SIUBHAIL NAN SGÌTH.

GLEUS G.—LUINNEAG.

{ l̄ : d̄, r | m : s., l̄ | s : r | m : - | r : r. m | r : l̄ |
 { Och oro | hù o, gur mi tha | sgith Siubhal na | frlth gun }
 Fine.

{ d̄ : d̄ | l̄ : s_l | l̄ : d̄, r | m : s., l̄ | s : r | m : - }
 { fhios ce 'n | t-aobhar; | Och oro | hù o, gur mi tha | sgith. }

RANN.

D.C.

{ m : m. s | m : m. s | m : l̄ | l̄ : s | r : r. m | r : r. m | d̄ : d̄ | l̄ : s_l }
 { He coisich; | ho coisich; | 's fhiasch e'n | t-saohair; | He fuiling | ho fuiling 's gheibh sibh | faochadh. }

PORT A' CHOIRE.

GLEUS E maol.

{ , m | d̄ : d̄, m | r : r, m | d̄, d̄. - : s., m | d̄, d̄. - : s. }
 { Hill | ó - ro, hill ù | o, an | Diorran-dòg, an Diorran-dòg; }

{ , m | d̄ : d̄, m | r : r, m | l̄_l, l̄_l. - : d̄, m | l̄_l, l̄_l. - : d̄. }
 { Hill | ó - ro, hill ù, | o, an | Diorran-dog, an Diorran-dòg; }

{ , m | d̄ : d̄, m | r : r, m | d̄, d̄. - : s., m | d̄, d̄. - : s. }
 { Hill | ó - ro, hill ù, | o, an | Diorran-dòg, an Diorran-dòg; }

{ , m | f. r : m. d̄ | r. t̄ : l̄_l. f | m., s : r, m. - | d̄ : d̄. }
 { 'S gu'n | téid an drabhas ud 'na smàl Air | màs a' choire | shùitheil. }

{ , m | d, d. - : s ., m | d, d. - : l ., m | d, d. - : d' | s . f : r . }
 'Sa | choire mhór, 'sa | choire bhreun, 'Sa | choire mhór, shomalta; }

{ , m | d, d. - : s ., m | d . d : l ., m | d, d. - : d' . l | d' : d' . }
 'Sa | choire mhór, 'sa | choire bhreun, A | bh'aig an Fhéinn mar thùisear. }

{ , m | d, d. - : s ., m | d . d : l ., m | d, d. - : d' | s . f : r . }
 'Sa | choire mhór, 'sa | choire bhreun, 'Sa | choire mhór, shomalta; }

{ , m | f . r : m . d | r . t_i : l_i . f | m . s : r . m | d : d . }
 'Sgu'n | téid an drabhas ud'na smal Air | mäs a' choire shùitheil. ||

FÀILTE RIGHBHEANAIG.

GLEUS C.—RANN.

{ | s : - | m : | s ., l : s . m | s : d' | r' : r', r' | m' . m' . m' | r' : d' . l | s : - }
 Fàilte! | Fàilte 's furan blath dhuit; | Cian fada bha thu gun | deò anns an uaimh; }
 Fine.

{ | s : - | m : . m | s . l : s . m | d : d' | r' : m' . d' | l : - . l | s : r . m | d : - }
 Fàilte! | gu beatha mhuirnich, mheaghraich | Bänrighinn ar gaoil an | Righbheanag shuairc. }

LUNNEAG.

{ | m ., m : m ., m | m . s : s | r ., r : r ., r | r . l : l | s . d : d ., r | m . r : r ., m | s : l . d' | s : - }
 Hillean, illean hù o-ró; | hillean, illean hù o ró; | Hillean i 's a huthill o; tha | Righbheanag beò; }

D C.

{ | m ., m : m ., m | m . s : s | r ., r : r ., r | r . l : l | s . d : d ., r | m . r : r ., m | s : s ., s | l . d' : d' . l }
 Hillean, illean hù o ró; | hillean, illean hù o ró; | Hillean i 's a huthill o; 'sa | hì o ro, fheara, seinnibh; ||

SORAI DH NAN TROICH.

GLEUS D.—LUNNEAG.

Fine.

{ , m | r : l ., s | m : r ., m | s : r', d' | l, s. - : d ., m | r : l ., s | m : r }
 O, | slàn beò, hug | ù ó Do | mhuinntir an | Eilein Ghairbh, O | slàn beò, hug | ù o. ||

RANN.

{ , d | d ., d : d ., d | r , m . - : s ., s | l , d' . - : r' ., d' | l , s . - : d . }
 Tha | ghrian a' snamh air | uehd na fairg', 's tha'n | àirde 'n iar 'na | lasair dheirg. ||

